

**Geàrr-chunntas de choinneamh Bòrd Stiùiridh an t-Sabhail Mhòir a chaidh a cumail air Dihaoine 1 Iuchar 2016 aig Sabhal Mòr Ostaig aig 1.30f**

<b>BUILL:</b>	Aideen Ni Mhaille (Cathraiche) Catriona Dunn (VC) Sine Ghilleasbuig Art MacCarraig Sandy Jones Alasdair MacLeòid (VC)	Aonghas MacLeòid Iain Moireasdan Máire Ni Annrachain Boyd Robasdan Cairistiona Walker
---------------	--	---

<b>AN LÀTHAIR:</b>	Iain Gòrdan Iain Tormod MacLeòid Cairistiona NicCoinnich	Faye NicLeòid Nicola NicThòmais Donnie Rothach
--------------------	--	--

**LEISGEULAN:** Aonghas MacCumhais  
Iain Moireasdan

**PUING****GNÌOMH****1 FÀILTE**

- 1.1 Chuir an Cathraiche fàilte air na buill agus na bha an làthair, gu h-àraid Faye NicLeòid a bha a' frithealadh a ciad choinneimh mar bhall, agus Nicola NicThòmais a bha frithealadh a ciad choinneimh na dreuchd mar Cheannard Chorpóra.

Chuireadh meal-a-naidheachd air Donnie, air an deach urram a bhuileachadh leis an RIAS (Royal Incorporation of Architects in Scotland).

**2 GEÀRR-CHUNNTASAN**

- 2.1 **CU16-01 (11/03/16):** Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh.
- 2.2 **Comataidh Chorpóra (15/06/2016):** Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.
- 2.3 **Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd (18/05/2016):** Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.
- 2.4 **Comataidh Foghlaim is Rannsachaidh (11/03/2016):** Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.
- 2.5 **Gnothaichean ag Èirigh:**

*Leasachadh an Leabharlainn:* Tha trì chompanaidhean air tairgsean a chur a-steach airson obair cleachdaidh rùim air an leabharlainn.

### 3 BALLRACHD

- 3.1 **Ball Ùr:** Chaidh aontachadh Faye NicLeòid a bhith na ball den Bhòrd Stiùiridh.

Dh' aontaich Aonghas MacLeòid agus Aonghas MacAonghais a bhith nam buill agus sgrìobhaidh Aideen thuca airson cuireadh foirmeil a thoirt dhaibh chun na h-ath choinneimh.

Bha Aonghas MacCumhais air fios a chur gu Boyd gun robh e gu bhith leigeil dheth a dhreuchd mar stiùiriche. Thugadh làn thaing dhà airson na rinn e mar bhall, gu h-àraid a chomhairle a thaobh na Cille Bige. Sgrìobhaidh Aideen thuige às leth a' Bhùird.

ANM

Thugadh fa-near nach robh riochdaire luchd-obrach (mar bhall slàn) air a' Bhòrd. Thèid beachdachadh air seo le Buidheann Co-chomhairleachaidh Luchd-obrach.

Thugadh fa-near gun robh còir riochdaire oileanach a bhith na bhall slàn den Bhòrd agus chaidh aontachadh seo a thogail le Comann nan Oileanach nuair a thilleas na h-oileanaich.

- 3.2 **Rùnaire a' Bhùird:** Chaidh aontachadh Nicola NicThòmais a bhith na Rùnaire a' Bhùird.

### 4 ÙIDHEAN

Nochd Boyd agus Iain gun robh iad nan stiùirichean de Chànan, agus Donnie gun robh e na stiùiriche de Chànan Alba (puing 8.2).

### 5 AITHISG A' PHRIONNSAPAIL

- 5.1 **Aithisg a' Phrionnsapail:** Thugadh fa-near aithisg a' Phrionnsapail.

Fhuaras dreach dhen aithisg AEV (Annual Engagement Visit) HMle an-diugh fhèin.

Thug Máire taing as leth a' Bhùird don luchd-obrach a bha an sàs ann a bhith cur Rannsachadh na Gàidhlig air dòigh; bha a' cho-labhairt air a bhith air leth soirbheachail.

### 6 GNOTHAICHEAN CORPORA

- 6.1 **Tuarastal Tinneis:** Thugadh fa-near na molaidhean a thaobh tuarastal tinneis agus chaidh aontachadh riutha.

- 6.2 **A' Chill Bheag**

**(i) Taigheadas:** Bha taisbeanadh ann sa mhadainn le Ronnie MacRae bho

Highland Small Communities Housing Trust (HSCHT) agus bha deasbad ann mu dhealbhadh ro-innleachd taigheadais. Bha e follaiseach gur e com-pàirteachas le buidhnean eile an dòigh as fheàrr cùisean a thoirt air adhart. Thugadh fa-near gur e dìon a' chànain prìomhachas a' Bhùird. Chaidh aontachadh gum bu chòir an dà fho-bhuidheann taigheadais coinneachadh airson beachdachadh air an t-slighe air adhart a thaobh ro-innleachd, agus cuireadh a thoirt do Ronnie MacRae a bhith an sàs sna còmhraidhean sin.

Buidheann  
Taigheadais

### 6.3 **OGE**

**Buidheann-obrach Ro-innleachd OGE:** Thugadh fa-near pàipear le prionnsapalan nan com-pàirtichean a thaobh slighe air adhart do OGE, agus thug Boyd iomradh air na còmhraidhean a tha air a bhith ann eatorra, agus le Marlene Wood bho Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba. Chaidh iarraidh cuideachd air na com-pàirtichean 'aspirational objectives' aithneachadh. Thathas an dùil gum bi co-dhùnaidhean na Buidheann-obrach air fhoillseachadh san t-Sultain.

6.4 **Sàr Ghàidheil:** Chaidh aontachadh gun tèid urram Sàr Ghàidheil a bhuileachadh aig Ceumnachd na bliadhna-sa air Lisa Storey agus Aonghas MacNeacail, ma bhios iad deònach. Bruidhnidh an Cathraiche riutha.

ANM

6.5 **Òraid an t-Sabhail:** Chaidh aontachadh cuireadh a thoirt do Julie Fowls Òraid an t-Sabhail a thoirt seachad am-bliadhna, agus cuireadh a thoirt do Cheann-suidhe na h-Èireann, Micheal D. Higgins, a thoirt seachad an ath-bhliadhna.

BR/DR

## 7 **FOGHLAM AGUS RANNSACHADH**

7.1 **Aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim:** Thugadh fa-near aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim.

7.2 **Comasan Comataidh Foghlaim is Rannsachaidh:** Chaidh aontachadh ri comasan Comataidh Foghlaim is Rannsachaidh.

## 8 **IONMHAS AGUS RIANACHD**

8.1 **Buidseat 2016-17:** Thugadh fa-near dreach buidseat 2016-17 agus thug lain iomradh air a' phròiseas. Aig an ìre seo thathas an dùil ri buannachd bheag am-bliadhna. Thugadh fa-near gum faodadh buaidh a bhith aig barganachadh pàighidh nàiseanta (faic 8.3) air a' bhuidseat. Tha Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd a' moladh gabhail ris a' bhuidseit.

Chaidh aontachadh ris a' bhuidseat.

8.2 **Cànan:** Thugadh fa-near pàipear bho lain air an t-suidheachadh a thaobh Cànan. Chaidh ceathrar luchd-obrach a phàigheadh dheth (le'n deòin). Thathas an dòchas le cùmhnant FilmG agus beagan obrach eile, gun tig cothromachadh eadar teachd a-steach is cosgaisean, agus gum bi cùisean nas seasmaiche don chompanaidh.

- 8.3 **Barganachadh Pàigheadh Nàiseanta:** Thugadh fa-near iomradh bho Boyd air cùisean a thaobh barganachadh pàighidh nàiseanta. Tha còmhraidhean fhathast a' dol eadar na h-aonaidhean, an Riaghaltas agus Colaistean na h-Alba. Tha UNISON a-nis a' beachdachadh air stailc airson luchd-obrach taic. Tha an Riaghaltas air airgead a ghealltainn airson tuarastalan àrdachadh ann an 2016-17 ach chan eil cinnt gun lean sin nas fhaide. Cha ruig a' Cholaiste a leas co-dhùnadh a dhèanamh an-dràsta mu bhith gabhail ris an NRPA (National Recognition and Procedures Agreement), ach tha ceist ann am faigh sinn airgead airson tuarastalan àrdachadh mura gabhar ris.

Chaidh aontachadh beachdachadh air an Comataidh Duais ath-nuadhachadh. NNT

- 8.4 **Poileasaidh Chosgaisean Siubhail:** Chaidh aontachadh gabhail ris a' phoileasaidh a chuireadh air beulaibh a' Bhùird.

- 8.5 **Poileasaidh Ceannach:** Chaidh aontachadh gabhail ri poileasaidh a chuireadh air beulaibh a' Bhùird.

## 9 LEASACHADH, NA H-EALAIN AGUS PRÒISEACTAN

- 9.1 **Aithisg an Stiùiriche Leasachaidh:** Thugadh fa-near aithisg an Stiùiriche Leasachaidh.

Fhuaras fios an-diugh gu bheil Tobar an Dualchais air maoin £25,000 fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig airson pròiseact 'Spend to Save'.

## 10 GNOTHACHAN IOMCHADH SAM BITH EILE

Cha robh dad ri thogail.

## 11 CEANN-LÀ NA H-ATH CHOINNEIMH

- 11.1 **Ceann-là na h-Ath Choinneimh:** Thèid an ath choinneamh a chumail air 30 Sultain aig Sabhal Mòr.

*Sgaoil a' choinneamh aig 4.15f*